

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION\***

**Airson Sgaoileadh sa bhad**

**13/02/2013**

## **Faclair Gàidhlig ùr a bheir taic do dh'obair rianachd san roinn phoblaich**

Thèid faclair Gàidhlig ùr fhoillseachadh, mar ghoireas air-loidhne an t-seachdain seo, a tha togail air agus a' leudachadh a' bhriathrachais a gheibhear am Faclair na Pàrlamaid, a chaidh fhoillseachadh ann an 2001.

Le bhith cruthachadh an Fhaclair Rianachd Phoblaich bhathar ag iarraidh: briathrachas cunbhalach a stèidheachadh agus a tharraing còmhla ann an Gàidhlig a bhiodh na chuideachadh do dh'ùghdarrasan poblach nuair a tha iad a' cruthachadh agus ag ullachadh Phlanaichean Gàidhlig; briathrachas Gàidhlig a stèidheachadh a tha dhìth an-dràsta san raon obrach seo agus air am bi feum san àm ri teachd; agus togail air an obair is an t-eòlas a fhuaras a-cheana bho bhith sònrachadh briathrachas a tha dhìth an lùib obair an riaghaltais, obair rianachd agus cùisean laghail. Tha e a' dol a chur ris agus a' dol a leudachadh farsaingeachd a' chànain ann an raointean eile de chonaltradh foirmeil, agus fiù 's a thaobh dòighean conaltraidh neo-fhoirmeil.

Tha e deatamach gum freagair a' Ghàidhlig mar chànain air gach leasachadh a chìthear nar saoghal deamocratach. Tha e gu buannachd a h-uile cànan gun cleachd iad briathrachas a tha soilleir, a rèir nòsan ùra agus san fharsaingeachd aontaichte. Thug Achd na Gàidhlig 2005 (Alba) còir reachdail do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air ùghdarrasan poblach Planaichean Gàidhlig ullachadh. Bidh am faclair seo na ghoireas feumail don a h-uile buidheann a tha an-dràsta ag ullachadh Plana Cànan Gàidhlig, no an fheadhainn a tha gu bhith gan ullachadh sna bliadhnaichean ri thighinn.

Chaidh am pròiseact, a chaidh a mhaoinachadh le Bòrd na Gàidhlig, a chur ri chèile agus a dheasachadh le sgioba bho The European Language Initiative (TELI, buidheann neo-phoilitigeach, neo-phrothaide a tha mion-eòlach air a bhith cruthachadh fhaclairean airson na roinn phoblaich). Thuige seo tha iad air faclairean fhoillseachadh airson Rianachd Phoblaich sna cànanan a leanas: Basgais, Catalan, Danmhairgis, Duidsis, Beurla, Fraingis, Gearmailtis, Greugais, Gaeilge, Eadailtis, Portagailis, Ruisis, Spàinntis agus Cuimris. Am measg nan goireasan eile a tha TELI air fhoillseachadh ann an Gàidhlig, tha An Dearbhair, dearbhair litreachaidh anns a bheil còrr is 550,000 cruth-fhacal agus an Co-fhaclair Gàidhlig.

A' cur fàilte air an fhaclair ùr, thuirt Dr Alasdair Allan, Am Ministear airson Sgìlean is Ionnsachaidh, Saidheans agus Cànanan na h-Alba: "Bu toigh leam taing a thoirt do Leo McNeir agus a sgioba aig TELI airson na h-obrach a tha iad air a dhèanamh don Ghàidhlig thar nam bliadhnaichean agus le seo tha iad a-rithist air goireas air leth a thoirt dhuinn. Tha an obair seo a chuir Bòrd na Gàidhlig air adhart a' freagairt air an iarrtas a tha air a bhith ann bhon roinn phoblaich airson bunait chànain chunbhalach. Ged a tha adhbhar sònraichte air a chùlaibh, tha mi an dòchas, coltach ri Faclair na Pàrlamaid, gun cleachd sgoiltean agus luchd na Gàidhlig e mar mheadhan cudromach feuch an cùm a' Ghàidhlig fhèin a' dol am meud agus gum bi i na cànan iomchaidh is uidheamaichte a chleachdas daoine barrachd is barrachd gach latha."

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Thuir Leo McNeir: “Tha e na thoileachas agus na urram dhomh gu bheil sinn a’ faighinn cothroman mar seo goireasan a chruthachadh do mhuinntir na Gàidhlig aig àm cho cudromach don chànan, don dùthaich agus do stèidhean poblach na dùthcha. As leth an sgioba TELI ann an Alba, bu toigh leam taing a thoirt do Phàrlamaid na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig airson ar misneachadh agus airson an taic a thug iad dhuinn nar n-obair.”

Thuir Ceannard Bòrd na Gàidhlig, Iain Aonghas MacAoidh: “S cinnteach gu bheil am Faclair Rianachd Phoblaich a’ dol a neartachadh nan oidhirpean gus briathrachas cunbhalach is buadmhor a stèidheachadh a ghabhas cleachdadh air feadh roinn nan ùghdarrasan ionadail, agus cuidichidh e le bhith toirt guth làidir agus soilleir dhan Ghàidhlig an lùib deamocrasaidh. Bidh e mar mheadhan cuideachd air conaltradh ann an Gàidhlig eadar Pàrlamaid na h-Alba agus ùghdarrasan ionadail.”

Bidh am faclair ri fhaotainn mar ghoireas air-loidhne agus cuideachd faodar a luchdachadh a-nuas mar PDF bho [www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk).

## DEIREADH

**Airson tuilleadh fiosrachaidh mun bhrath-naidheachd seo, cuiribh fios le ur toil gu Steven MacIomhair, Manaidsear Corporra is Conaltradh aig Bòrd na Gàidhlig, aig [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) no air 07557 481 081.**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## For Immediate Release

**13/02/2013**

### **New Gaelic Dictionary to Help Public Administration**

A new Gaelic dictionary which builds on and expands the original Faclair na Pàrlamaid, published in 2001, will be launched this week as an online resource.

The aims of creating the Faclair Rianachd Phoblaich (*Dictionary for Public Administration*) dictionary are: to bring together, and establish a standardised terminology in Gaelic to help with the creation and development of public authorities' Gaelic Plans; develop Gaelic terminology where necessary to meet current and future needs in this field; and to build on the experience gained in defining terminology for the government / administrative / legal sector. It will feed into and expand the language in other areas of formal, and even informal, communication and discussion.

It is vital that the Gaelic language should keep pace with the development of democratic institutions. All languages benefit from using vocabulary which is clear, up-to-date and generally accepted. The Gaelic Language (Scotland) Act 2005 gave Bòrd na Gàidhlig powers to request public authorities to prepare a Gaelic Language Plan. The dictionary will be a useful tool for all bodies who are currently preparing, and, who are yet to prepare, a Gaelic Language Plans.

The project, which was funded by Bòrd na Gàidhlig, was compiled and edited by a team established by The European Language Initiative (TELI, a non-political, non-profit body which specialises in producing dictionaries for public service) who have so far created dictionary publications for Public Administration, in the following languages: Basque, Catalan, Danish, Dutch, English, French, German, Greek, Irish, Italian, Portuguese, Russian, Spanish and Welsh. TELI's other publications in Gaelic include An Dearbhair, a spell-checker containing over 550,000 forms and Co-fhaclair Gàidhlig, the Gaelic thesaurus.

Welcoming the creation and release of the dictionary, Minister for Skills and Learning, Science and Scottish Languages, Dr Alasdair Allan said: "I would like to thank Leo McNeir and his team at The European Language Initiative for all the work they have done for Gaelic over the years and for once again producing an excellent resource. This work by Bòrd na Gàidhlig delivers on the calls we have had from across the sector to provide a consistent resource. While it has a specific purpose to fulfil, I hope that, like its predecessor, it will continue to be used by schools and other Gaelic speakers as an important tool in the continued growth and relevance of the Gaelic language and expand its use in day-to-day life for many people."

Leo McNeir said: "It is a pleasure and an honour to have the opportunity to produce materials for the Gaelic community at this important time in the development of the language, the country and its public institutions. On behalf of the TELI team in Scotland I would like to thank the Scottish Parliament and Bòrd na Gàidhlig for their encouragement and for providing the resources in support of our work."

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Bòrd na Gàidhlig Ceannard (CEO), John Angus MacKay said: “The creation of the Faclair Rianachd Phoblaich will undoubtedly strengthen the consistency and efficiency of standardising terminology to be used in all local government contexts, and assist Gaelic in developing a strong and clear voice in the democratic process. It will also help facilitate communication in Gaelic between the Scottish Parliament and local authorities.”

The dictionary will be available as an online resource and will also be in a PDF format to download from [www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk).

**ENDS**

**For more information about the content of this press release, contact Steven MacIver, Corporate and Communications Manager at Bòrd na Gàidhlig, by e-mailing [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) or by phoning 07557 481 081.**